

APS 1.85 1836-2

SIN NO TRIFLE

-----  
THE SMITTEN ROCK







## THE SMITTEN ROCK.

## A CHARRAIG BHUAILTE.

Tha e 'na ni áraid ann an eachdruidh chloinn Isracil, mat tha i air a cur sios leis an sgrìobhaiche naomh, gu'm o'ainneamh leis an Uile-chumhachdach e fein a thais-beanadh air mhodh sònruichte sam bith as an leth ach an déigh dhoibh-san soilleireachadh inuladach'thoirt seachad air am mi-thaingealachd agus an di-creidimh; agus cha'n 'eil ni sam bith a's urrainn dearbhadh a's làidire 'thoirt duinn na so air àrd-uachdarachd agus saorsa gràis Dhié, dheth'n robh iadsan gu h-áraid nan cus-bairean cho comharrachite. Champaich iad aon uair ann an àite d'au goirte Rephidium, far nach robh uisge; agus air bhi dhoibh an t-einn ro-chruaidh le paghadh, thoisich iad ri coir-iomchair air Maois, agus ri dhian-chuir, thuige gus na h-uircas-bhuidhean fuidh'n robh iad a leasachadh air ball. Bha iad eadhoin an impis a chlachadh 'chionn an tabhairt amach as an Eiphit, mar a chàin iad, a chum cuir as doibh. Cha b'e sin amhàin ach ghabh iad air an aghaidh calg-dhùreach 'nan ana creidimh, agus nochd iad a bhi gun carbs' ac' ann an cumhachd agus freasdal Dé. "Thoir dhuinn uisge" dh'iarr iad "chum as gu'n òl sin. C'arson so, a thug thu 'machi sinn as an Eiphit chum sinn fein a mharbhadh agus ar clann? Am bheil an Tighearna" dh'fheòraich iad gu dìmeasach, "am bheil an Tighearna 'nar measg no nach 'eil?" Agus so rinn iad direach an déigh an saoradh o làmhan an naimhde, le àircamh mhiorbhuale mu seach a leithid's nach fliac' an saoghal riamh—an déigh do'n Uile-chumhachdach samhluidhean faicsinneach a lathaireachd fein a dheonacha' dhoibh gu còmhnuidh 'ghabhail maille riu, agus a chum an stiùradh o là gu là ann am meall tein' agus neoil—agus an déigh dhoibh le mhiorbhualean a fhreasdale, lòn fhaotainn a shàsachadh an acrais ann am fàsach Shin, agus uisg' ann am Màrah gu fuasgladh a thoirt doibh o'n cheart theinn fuidh'n robh iad a nis air cho

beag ceill a 'gearan. Aen am feirg cuimhnichidh an Tighearna tròcair. An aite 'thoirt air na h-Israeilich mòrachd a' cheartais fhlang, tha e as ùr a' foillseachadh dhoibh mòrachd a ghráis. An àit' innceal a dheana mh do'n t-slat sin a bha'n laimh Mhaois gu breithcanas an lorg an eeannaire a dheanamh orra, mar a bhuin e air mhodh cho comharrachte ris na h-Eiphítich, tha e 'ga h-òrduchadh mar mheadhoin a dh' fhoillseacha' comhla' iochd agus a ehumhachd ann am fuasgladh 'thoirt doibh 'nan teinn. Tha e 'g aithne do Mhaois dol air aghaidh gus an tigcadh e gu earraig àraidih ann an Hòreb—ann an sin Seanairean Israeil a chruinneachadh, a chum as gu'm biodh iad 'nam fianaisean air a mhiorbhui a bha e gu oibreacha' nan làthair—le a shilait e bhualadh na creige, as am brùchadh amach gu h-ealamh—cha b'e teine elum an sgrios, mar a dh' fhaodta gu nàdurra fiughair a bhi ris a theachd o'n ailbhinn chreige sin, ach sruth do uisge ath-ùraichaidh a shìasachadh iotadh a phobuill mhi-thaingeil, agus a chum an leanailt 'nan slighe uile fad' an turais 'san fhàsach. Agus rinn Maois mar sin ann an sealladh sheannairean Israeil, Ecsod. xvii. 6. Smaointich cia mar an sin a dhian-ruitheadh an sluagh dus-nèulach gu bonn na crèige as an robh an t-uisg' a' brùchadh d'an ionnsuidh ! Faic cia mar tha iad a' fairneadh ann cinn air aghaidh chum an nuadh-thobair shláintcil ! mar tha iad a' ruith chum an ecannaghaidhean loisgeach ionnlad, agus fionnachd fhaotainn d'au teanganna tiorma 'san t-sruth phriseil a tha 'nis a' teanna' ri inaomadh mu'n cuairt doibh ? agus am feadh 's a ta thu a' comhpàirtcacha' do'n chobhair sin, (nach urrainn cainnt ainmeachadh) a tha iadsan a' mothachadh, faoda' tu seasainh maille ri Maois a' beachdachadh air uile mhaitheas Dé d'a shluagh, agus éigheach ainach lcis-san, " is sona thu, O Israeil ! co tha cosmhuiil riut, O shluagh a shaoradh leis an Tighearna !"

Tha e coltach gu'n d'rinn a mhiorbhuiil chomharrachte so aig Sliabh Horeb drùghadh nach bu bheag air uile sheachd Israeil, agus tha ath-chuimhne shònruicht' air a dheanamh air 'sna linntibh 'na dhéigh sin. Tha Maois an cainnt dhrùighteach a' cuir a phobuill 'an cuimhne d'a thaobl, Deut. viii. 15. Ri linn Nchemiah, tha na Lebhithich, aig a h-aon do na traigsibh suidhicht' ann 'san teampull 'an Ierusalem, 'ga ath-aithris do'n chor-

thional a bha cruinn 'an sin, còrr a's mile déigh dha tachairt, Neh. ix. 15. Tha Righ a' cumail beo-cluimhne mholaidh air an am na dàna àgh'or a dh' ainmichear air-san, ag aon Salm, "O thugaibh buidheachas do'n gairmibh air 'ainm, foillsichibh a'm' measg nar ghniomhara. Dh' fhosgail e a' chreag, agus uisgeachan amach ; ruith iad air na h-ionadaibh mar abhuinn," Salm cv. 1, 41 ; agus ann an Salm "criothnaich a thalaimh an lathair an Tighearna, lathair Dhé Iacoib ? a thionndaidheas a' charraig gu linne uisce, an ailbhinn gu tobar uisce," Salm cxiv. 7, 8. Tha'm faidh Isaiah 'toirt iomra' air mar inbhisnich do'na h-Iudhaich ann an roi'bheachd air am piltinn o Bhabilon, Isaiah xlivi. 19, 20 ; xlvi. 21. Agus an ni tha gu spioradail air a chiallacha' leis tha'n t-Abstol Pòl gu soilleir a' seoladh dhuinn, 'nuair ann an sgriobhadh chum nan Corintianach tha e ag ra', gu'n d' "ith an athraichean uile a bha fuidh'n neul, agus a chaidh tre'n mhuir, do'n aon bhiadh spioradail, agus gu'n d'òl iad uile an t aon deoch spioradail ; oir dh'òl iad do'n charraig spioradail sin a leanu iad : agus b'i a' charraig sin Criod," 1 Cor. x. 4. Tha na briathra so an Abstoil a' fosgladh suas an iomlain do'n stéigh-theagaisg, oir tha iad a' nochdadhbh gu'n robh a' charraig ann an Hòreb o thùs 'na samhla' freagarach air ar Tighearn agus ar Slànuighear Iosa Criod.

Is e tha ri bhi air a thuigsinn le samhla' ni-éigin a ta ann an euid àraidi d'a bhuaidhibh no do nithibh a tha 'na chomh-chuideachd, air a dhcanamh iomchui' agus air a shònachadh gu foillseachadh a thoirt mu ni-éigin a tha ri tachairt, no neach-éigin a tha ri bliuth an déigh làimhe. Mar so bha Ionas a bha trì làithean agus trì oidhichean a'm broinn an éisg 'na shamhl' air Criod a bha tri làithcean agus trì oidhichean ann an cridic na talmhuinn Mat. xiii. 39. Mar so chaidh àithne do Esceiel e ghabhai caltuinn bearradair agus air dhòigh shònruicht' am falt a roinn agus a dhlicannainh ris a réir 's mar a chaidh a sheoladh dha, mar shamla' air ni 'bha ri tachairt an déigh làimhe, agus a th'air a mhincachadh air ball 'nuair tha e air a ra', "is i so Ierusalem," no samhla' air Ierusalem, Ezeec v. 5. Agus 'an àm a bhi suidheacha' sàcrainment na suipeir, ghlac ar Tighearn aran, agus blris se e, agus

thubhairt e, is e so mo chorpsa, a' ciällachá le sin gu'n robh an t-aran a rinn c bhriseadh 'na shamladh air a chorpsan a bha gu bhi air a bhriseadh air a' chrrann, Matt. xxvi. 26. Ann'sa cheart sheadh cheudna tha 'n t-Abstol, air dha bhi a' ciällachá' carraig Hòreb ag rà, gu'm b'i a' charraig sin Criòsd, 'sc sin, gu'n robh i 'na samhl air Criòsd—sgàile nithe ri teachid—aig an robh a' bhrigh ri fhaotainn ann an Criòsd fein.\*

Beachdaichiimid uime sin air Mac Dhé mar a' charraig bhualte na h-Eaglais Chriosduidh.

Bha e air a bhualadh. Cuimhnich an dòigh a'ns an d' fhoillsicheadh e 'san t-saoghal. Cha robh 'na phàrtan ach Galiléich bhochda thàireil—bu stàpull anns an d' ringadh e—prasach nan each bu chreachall da. Ann an làithibh òige b' éigin da bhi dìan-shaoth' reachail, agus nuair a thoisich e air a mhìnistrileachd mar eadar-inheadhonair a' choimh-cheangail nuaidh, b'iad doilghios agus dímeas, agus sgios agus uireasbhuidh, bu ghnath choimpanaich dhà. Lèug 'eachdruidh. Nach fulangas agus doilghios gun fhois i o thùs gu deireadh? Bha 'n flirèumh o'n do ghineadh e ionann is machair air an d' thàinig lòm-sgrios obann le osaig onèamh—"bha e mar flirèumh a talamh tioram." Bha esan e féin air a nochdadh mar mhéangan a fhuair gaiseadh le cumhachd teinnt-each an adhair,—"dh'fhàs e suas mar fhaillein." Agus 'na chliù bha e coltaich ri bhi mar neach air 'n do theirinn mallachd uamhasach agus coitchionn éigin nach b'urrainn a bhi air a ghairm air ais,—"dh'fholuich daoine mar gu'm b'ann an aghaidh uaithe,"—bha e mar mhlasla'n t-sluagh, agus air a dhimcas le daoinibh,—iadsan uile 'chunnaic e, rinn iad fanoïd air; chuir iad car 'sa bheul agus chrath iad an ceann ris." Gabh beachd air cùntas a dheuchainn agus fhulangais, agus thoir fa'near cia mar a bha e'n sin air a bhualadh.—"Thug iad uile breth 'na ghaidh gu'n do thioill e 'm bàs, agus thòisich iad ri ugaid a thilgeadh 'na aodann, agus ri 'aghaidh a

Faodar 'n so a thoirt fa'near, mar tha Eaglais na Ròimhe chainnt a ghnàthaich Criòsd 'an am bhi 'suidheacha' Sàcramaint

Suipeir a' cumail amach nach samhlaidhcan idir an t-aran agus am fion 'san t-Sacramaint sin ach fhìor chorpa agus fhuil-san; nach bheil nrriad chòir ac' o chainnt an Abstol "b'i a' charraig sin Criòsd," air a theagasc gu'm b'i a' charraig ann an Horeb da ríreadh fior phearsa Criòsd.

chòmhdaich, agus ri 'bhualadh le'n dòrnaibh, agus ri' ra'ris, co e bhual thu? agus bhual na scirbhisich 'e 'm basaibh e." "Air do Philat a sgiùrsadh, thug e thairis e chum a bhi air a chèusadh. Agus thug na saighdearan leo e do thalla a' bluireitheanais, agus chruinnich iad d'a ionnsuidh a bhuidheann uile de shaighdearaibh, agus rùisg iad e, agus chuir iad uime falluing sgàrlaid, agus dh'fhigh iad crùn droighinn, agus chuir iad m'a cheann e, agus slat chuilce 'na làimh dheis, agus ghlaic iad an t-slat chuilce agus bhual iad'sa cheann e." Gabh beachd mar an cèudna mar tha iad a' buanachadh 'nan an-iochd 'na aghaidh, am feadh a ta esan le saor-ghràdh neo-chriochuach a' tìonndadh ris na mnathaibh air an t-slighe dh'ionnsuidh Gholgòta, agus ag ra', "A nigheana Iern-saleim, na guilibh air mo shonsa, ach guilibh air 'ur son féin, agus air son 'ur cloinne." Beachdaich cia mar tha iad 'ga thogail suas air a' chrann, agus a' sparradh nan tairnean 'na làinhan agus 'na chasan naoinha, agus sin air a cheart àm 'san robh esan a' cuir suas na h-ùrnuigh sin gun choimeas as an leth-san, "Athair thoir maithreas doibh, oir cha 'n 'eil flios aca ciod a tha iad a' dcanainh!" Agus an déigh an t-seallaidh chaoimh do labhairt sin a thug e air Muire agus Eoin, agus na 'm briathra gràidh leis an robh e 'gan earlachadhlà còmhla',—agus an déigh nam briathra deireannach, "Ata e crìochnaichte!" faic mar a shàthi an saighdear gun iochd an t-sleagh 'na thaobl, agus air ball thainig a mach fuil agus uisge Smaointich air na nithibh sin uile, agus abair mar robh an duine so air a bhualadh da rìreadh!

Gidheadh, cha b'ann o aobhair o'n leth a muigh, a dh'fhuling Mac Dhé na pianta bu ro chràitiche. "B'iad fulangais anama," inar tha aon 'ga chuir an céill, "anam-fhulangasaibh." Bha e "air a smachdacha' le Dia agus air a chlàoidheadh." Dhùisg claidhleinlì an Uile-chumhachdaich, agus bhual e am fear bu choimpire dha. Air an aobhar sin b'éiginn da cràdh inntinn fhulang a bha esan 'na aonar comasach air a thuigsinn, oir bha an dioghaltas neo-chriochnach agus sìorruidh a thoill peacanna 'slhuaigh uile, air an cruinneachadh a dh'aon àit, agus air a leagadh air san còmhla.' Ann an so bha ni-éigin mìl' uair a b'uamhsaiche na uile bhùillibh a naimhde saoghalta,—ni-éigin a tha coltach ri dùlan a thoirt do na Scriobtuiribh a làu chur an céill, agus nach urrainn iad ainmeachadh ach cruaidh-ghleachd anama,—ni-égin d'

do ghairm an Slànuighear féin cumhachd an dorchadh agus le chudthrom a dh' eignich e gus na briathra a chuireadh dèurach 'sa chridhe eighcach amach, ha m' anam ro bhrònach, eadhon gu bàs." " Athair tha e comasach, rachadh an cupan so seachad orm."

Mo Dhia, mo Dhia, c'arson a thréig thu mi!"

Bha e air a bhualadh air ar son-ne. Cha'n 'eil Dia a deanainh ni sam bith 'an ðiomhanas; agus cha'n 'eil c a' deanamh ni nach 'eil gu neo-chriochnach freagarach ris a' cheartas sin a tha 'cur 'an céill nach urrainn a bhi 'n lorg a pheacaidh ach peanas amhàin. 'Nuair tha e a' bualadh duine le cràdh agus àmhghar goirt, 's ann a chum a smachdachadh air son scacharanaibh a chaithe-beatha, air neo a chum oilineachadh le teagastg fallain agus eolas uime féin agus mu dhicasannais na beatha. Ach 'nuair a bhual c an t-àrd bhuauchaille maith, cha b'ann mar so. "Bha Esan naomh agus neo-lochdaeh; " cha b'aithne dha peacadh;" agus "annsan bha folaithe uilc iomlainneahd a ghliocais agus an colais." B'ann mar urras agus fear-ionaid an neo-flhirein agus a' chiontaich, a bha an t-Aon Naomha agus am Firein aù a smachdachadh agus air a chlaoïdh. "Gu deimhinn ar n-anmhuiinneachd ghiulain e, agus ar doilghiosan dh'iomchair e. Lotadh c air son ar pcacaidh-nc; bhruthadh c air son ar n-aingidheachdan; lcagadli air-san smachdachadh ar sith." Bha'n einne-daonna gu h-iomlan ullamh gu dol a dhith, an uair, ann an saibhireachd 'iochd, a sheas esan eadar iad agus ceartas, agus a thubhairt e, "Feuch a ta 'm i teachd a ghiulan na buille—tuitcadh i ormsa." Mar a dh'fhaodta meadhoin a bhi air a dheanamh do shlait Mhaois a chum breitheanaibh néimh a dhìoladh a nuas air na h-Israeilich, amhul sin dh'fhaodadh slat feirge Dhé bhi air a sineadh amach 'an aghaidh uile ehloinn nan daoine, agus iad a bhi gu buileach air an sgrios Ach 'na àite so bha i air a tionndadh air Carraig nan Al; agus o'n lot a dh'fhsogail i 'n sin, thàinig a mach sruth neamhaidh, a bhitheas, anns na h-uile a bhlaiseadh, air fhaotainn a' sruthadh suas chum na beatha maireannaich.

O! 's ann ni's eruaidhe na a' charraig ann an Hòreb: dh'fheumas cridhe an duine sin à bhi, air nach dràigh gràdh an Fhir-shaoraidh! Mo thruaighe! ciallon cridhe cruaidh—fuar, neo-mhothachail, gun toirt fa'near, a dh'fheumas a bhi 'san t-saoghal,—seadh anns gach

comlichruinnneachadh do huchd-aidmheil crìosduidh!—Bha Trophimus 'na dhuin' òg a bha do'n àireimh so. Air dhà fiosrachadh a bhi air a bhuleachadh air ann an làithibh 'oige m'a cheud-thòiseacha' teagaisg a' chreidimh chriosduidh, bha eolas ro-mhion aig air an dòigh a chum peacaich a thearnadh tre iobairt Mhic Dhé; agus re tamull shaoil e gu'm bu leòir so gu 'dhecanamh 'na fhior chriosduidh. Gidheadh, ri h-ùine, chaidh fhoillseachadh dhà nach bu leòr an fhìrinne a thuigsinn a reir teagaisg o'n leth a muigh,—gu'm feumadh i thuilleadh air sin a bhi air a faireachdann a thaobh cleachdaidh 'san taobh a stigh. Ach bha e fiosrach nach robh i air a faireachduinn mar sin leis-san. Bha cridhe cruaidh reòidht' aige,—agus dh'aithnich gu'n robh,—agus rinn c bròn air a shion,—agus dh'asluich e gu dùrachdach gu'm bitheadh e air adheanamh tais agus air a mhaothachadh. 'Na dhéigh so uile bha 'chridhe a' mairsinn 'na chridhe dùr agus neo-inlothachail. Thòisich e ri mòr-shaothair agus ùine 'chaitheamh ann an ùrnuigh agus am beachd-smaointeachadh, gu sònruicht' air fulangais an t-Slànuighear as a leth-san. Bha e a' lèughadh an treas caibidil dèug thar an dà fhichead do Isaiah. Rinn an còigeamh rann gu sònruichte greim air 'inntinn,—rinn e stad aig an earainn m'a dheireadh—"le a 'chrèuchdaibh-san shlànuicheadh sinne;" agus 'ga strioclidadh féin sios fuidh 'n trom-luchd smaointe a rinn na briathra sin a dhùsgadh suas 'na uchd, dh'fhairich e iad tuille 's cumlhachdach gu cuir 'nan aghaidh. Bha aiteamh an duin' an leth a stigh air töiseachadh,—bha na géimhlibh anns an robh a' chridhe air a cheangal suas cho fad'a dh'ùine air an cur o chéile, agus chaidh esan a chur fa sgaoil. Gus an là an diugh, 'nuair a tha 'n saoghal agus a bluairidhean ullamh chum an làmh reoidhте 'leagadh air 'anam, agus 'uile chumhachda spioradail's gach drùghadh a rinneadh air a thiormacha' suas, tha easan a' deanamh fèum do 'n leigheas chèudna,—do dh'ath-sinaointeachadh cràbhach air fulangais Chriosd mar an t-urras air a shonsan; agus o uair gu h-uair tha e 'g iarruidh a smaointean an-dàna fhaotainn fuidh' cheannsal, agus an uaill a ta 'togail a cinn ann a smachdachadh le bhi tigh 'u thairis air na briathra drùigheach\* sin, "le a' chrèuchdaibh-san shlànuicheadh siuinc."

Smaointich a nis air na beannachda a ta a' sruthadh o'n charraig bhmailte fuidh 'n t-Soisgeul.

An robh am fuasgladh mu' bheil an t-Abstol Eoin a' toirt cùnnatais, a fhuair an duin' òg o'n staid dhall anns an d'rugadh e, agus a ghabhail a steach gu solus àgh'or gréine 'mheadhoin-là; an robh so, saoil thu, 'na atharrachadh aoibhneach? O mòran ni's aoibhniche tha atharrachadh a dheanamh air an anam\* o rioghaehd an dorchadais gu solus iongantach an t-soisgeil, trid-san a's e féin an solus fior a ta 'soillseachadh gach uile dhuine tha teachd chum an t-saoghal spioradail.—An robh togail cuirp Làsarus o'n uaigh 'na mhùthadh glòrmhor? Cia glòirnhoire gu mòr an ni bith neo-bhàsmhor a theàrnadh aig aon àmf o bhinn agus staid a bhàis spioradail sin fuidh 'm bheil an cinne-daonna gu léir a thaoblà nàduir 'nan huidhe, agus anns ani feumadh iad a chaoidh fantuinn, adhlaict' ann am inòr-dhoimhnc dorchadais agus ea-dòchais, mur bhitheadh fhulangais-san a bhàsaich agus a chcannaich am bàs, agus a ta beo chum a bhcatha mhaireannach a thabhairt do mheud's a chreideas 'na ainm? Naeh robh an t-saorsa sin 'na saorsa chumhachdach a dh'fhirosraich na h-Israeilich 'nuair thugadh iadsan a mach as an Eiphit, far an robh iad cho fad air an cumail fuidh' dhaorsa, agus a bha iad fa dheireadh air an socraehadh ann an sìth agus sonas Chanaain? Bha Aeh gu neo-chriochnach ni 's ro-shòlasaiche tha saorsa 'n anma thràilleil o dhaorsa na truailleachd; a thoirt o bhi a' crionshearghadh fuidh 'fhuar-dhealt bharailean an t-saoghal so, agus a dhainghneachadh fa dheireadh aon am phàrrais Neimhe, gu bhi giùlan toraidh agus blàth ann an tomhas iomlan na maise bhith-bhuan, agus gu bhi nis agus a ris air a shàsachadh le saibhireachd na sìth. Agus an urrain thusa co'-mhothaehadh a bhi agad ris na h-Israeilich, 'nuair a chaisg iad an iotadh anns an t-sruth a thàinig o'n charraig ann an Hòreb, agus a chunnaie iad i' gan leanailt 'nan turus trid an fhàsaich? Ach ciod e 'n t-iomlan do'n chobhair a dh'fhirosraich adsan an sin, no 'n t-iomlan do'n ghàirdeachas a mhothaich iad, 'an coimcas ris a chobhair sin agus ris an aoibhneas a tha 'm peacach aig am bheil an eridhe brist' a' faotaium air dha bhi a' creidsinn, 'nuair tha e air a dheanamh comasach air beannachdaibh na slainte 'chur ris féin mar ni anns am bheil scalbh-chòir aig-san, air a bhi beo gach aon là ann an earbsa ri gràs an Fhir-

shaoraidh, agus a chòir phearsanta aithneachadh agus a thagra' ann an gnàth eadar-ghuidhe Mhic Dhé?

Ali! cia lion neach, agus sin cuideachd a'm' measg na h-aitim a ta 'gairm dhiubh féin criosduidhean, agus aig nach 'eil uair sam bith teagamh nach scalbhaich iad fa dheireadh aoibhneas nam Flaitheas, a tha gu tur'nau coigrich do'n bheatha a ta air a caitheadh tre chreidimh agus sior-earbs' ann sa ghràs a ta ann an Iosa Criod!—nach 'eil a faircachdainn fèum ac' air a leithid do chaithe-beatha, agus aig nach 'eil colas air a bhcg do na beann achdaibh a 'ta fuaithe ris, seadh fòs a ta 'ga mheas mar ni taireil agus faoin! Ged nach b'urrainn an leithid so do mhuinnitir ach léirsinn fhaighinn car tiota air cor agus suidheachadh an anaima do réir 's mar tha iad air am mcas ann am barail Dhé na firinn, ciod an cumhachd leis am bitheadh e air a dhcarbhadh orra, nach robh 'san dòchas a bha iad fad na h-ùine 'g árach ach mealladh diomhain, agus mearachd millteach!—Nam b'urrain doibh ach blasad air na sòlasaibh a ta ceangailte ri staid co'-chomuinn maille ri Mac Dhé, cia furasd a bhiodh c innse dhoibh nach robh iad ach da rìreadh marbh am feadh 's a bha iad beo; agus cia grad a dhùisgeadh iad le mothachadh eagalach air ro-mhièud an truaighe, ni 's e fior chor gach aon neach, ciod air bith aidmheil a ta e gabhail air féin, agus cia air bith eo tearninte 's a dh'fhaodas c bhi a' gabhail seasgair-eachd dha féin a'm' measg tlàth-chainnt an t-saoghail, a tha 'na choigreach do bheatha Dhé agus fad' as Ùaithe-san a's e aon tobar an fhìor shouais!

Cidheadh, cha ruigear leas a sinaointeachd a thaobh an duine dhiadhai' gu bheil a shlighe 'n còmlinuidh air a breacadh le blàth-luibhean taitneach, agus gu'm bheil e'sa mhionaid a'm' bhcil e fas 'na naomh air atharracha 'gu dùthaich far nach 'eil bròn no eagal. Cha'n ann mar so a tha 'chùis; oir cha b' urrainn e blii freagarach ris na riùntibh gràsmhor sin a th'aig Dia do thaobh a' chloinne féin, mar tha iadsan a' fòglum le fiesrachadh gach là ann an coilionadh nan riùntibh sin, leis am bhcil e 'gan ullachadh, do rèir a ghliocais uco-chriochnach féin, chum a bhi fa dheireadh agus ann an éin iomchuidh air an saoradh o gach uile iomaguinn agus elaoïdh. Ach thà e 'deanainh feartaibh a Spioraid freagarach do gach cor anns am faod iad a bli 'nan staid déuchainn; agus dìreach a rèir 's mar a ta iadsan gu stéigheil a' dlùth-leantuinn ris an t-Slànuighcar agus ag

earbs' as, tha iad 'gain faireachdainn féin nigh air n-uigh a' faighinn buaidh araon air imcheist agus air peacadh. Thoilich e 'n t-Athair gu 'm biodh anns "a' charraig Crìosd" gach nillo iomlaine a' gabhail còmhnuidh, agus as a' lànachdsan gn'm faigheadh gach neach a ta a' creidsinn, agus gràas air son gràis. Tha'n saoghal a ta làthair dhoibh-san mar a bha 'm fàsach do cloinn Isracil, —tha iad' nan coigrich agus 'nan luchd-cuairt mar a bha an athraiclichean uile, Ach tha 'an sruth o'n "Charraig Bhuailte" 'gan leantuinn gach aon chèum d'an tu-ruis, agus uaithé so tha iad a' faotainn an\*t-sòlais a's iomlaine agus gach comh-flurtachd, ciod air bith staid intinn gus am bheil iad air an gairm chum an dearbhadh.

"An robh e air a bhualadh air mo shonsa ?" deir an t-aithreacan iriosal : "uime sin faodaidh mine uisge 'tharruing a tobar na slàintc 'chaidh fhosgladh suas ann-sann, agus maitheanas gu saor fhaotainn a'm' pheacanua gu léir." "An b'ann as mo leth-sa 'bha Esan air a bhualadh ?" their an creid'each lag agus meath-chridh-each ; "air an aobhar sin faodaidh mise òl do thobar na beatha, agus a bhi air mo neartacha' guimeachd air m' aghaidh le gairdeachas, oir Annasan tha m'uile thobraighe fior-uisg' air nach d' thig failinn." "An robh Carraig nan Al air a smachdachadh agus air a chlaoidhcadh air mo shonsa ?" meoraichidh an deisciobul a th' ainn an trioblaid no air a thiréigsinn a thaobh cho'-flurtachdaibh aimsireil ; "air a smachdachabh le slat feirge Dhé, gus an do dhòirt e 'mach 'anam gn bàs ? Agus am bi mise air mo leagadli sios le diobhail misnich am feadh 's a ta e car àine ghearr 'gam smachdachadh le buille shèmih a' ghràidh, chum as anns na h-uile ni gu'm bi mi air mo strìochdad 's air mo chur an co'-chos-las ris-san. Cha bhi : is Esan mo thearmunn is mo neart. Tha abhuinn ann, agus ni a sruithibh cathair Dhé ait ; naomh-ionad phàilliuin an Ti a's àirde. 'Nuair a ta mo chridhe sàrnichtc agus air fannachadh, treor-aichmi a chum na cairge a's àirde na mi féin.' "Air mo shonsa bha Esan air a smachdachadh, "breithnichidh an t-anam a ta caithe le cùram agus air a dhearbhadh ;—iarrain Air-san, agus bheir e dhomh uisge beo. A Thigh-earna thoir dhòmhls' an t-nisge so o'n charraig bheo, chum 's nach bi tart orm an deigh air sruithibh truailli' na talimhuinn. O Dhé ! tha tart air m' anam an geall ortsa; tha miann is ciocras air m'fheoil an geall ort 'san tir ro-thioram agus thartmhior so, far nach eil uisg' air bith

Ach gheall thusa, nuair a bhíteas am bochd agus am fèumach ag iarruidh uisge, agus nach'eil e ann, 's a bith-eas an teanga a' tiormacha' le tart, gur tus' an Tighearna' a dh' èisdeas riu, gur tu Dia Israel nach tràig iad. Dean thus' eadhoin am fàsach so 'na linne uisge, agus am fonn tartmhòr so 'na thobraighe uisge. "Bha, Carraig bhean-naichte na slàinte," deir an t-anam a ta ullamh agus déigheil air an t-saoghal so fhàgail 'na chuim fein, "bha thus' air do bhualadh as mo leth-sa; agus O cia sòlasach a dh' fhairich mi do shruthaibh àgh' or ann an Gleann so Bhaca! Bu mhiann leam a nis e bhi air a cheadacha' dhomh ruigheachd suas far am bheil Ard Mhàthair-uisge nan sruth aoibhneach, agus òl do'n abhuinn fhior-ghloin do nisge na beatha, soilleir mar chriostal, a tha teachd a mach a rìghchathair Dheè, agus an Uain. A deir an Spiorad Thig, agns a deir a Bhean nuadh-phòsda, Thigeadh an neach air am bheil tart. O thigeadh do sheirbhiscach a ta'n geall air teachd, agus gabhadh e uisge na beatha gu saor, gu saibhir, agus gu bith-bhuan!"

A dhuin' dig 'gam bheil an inntinn ea-trom air bheag càram! Fèumaidh iad sin a bhi'n am briathraibh iongantach agus gun seadh leatsa! An do ghabh thu riamh truas do dh' fhear-turuis bochd sàrnichte, a bha'n tòir air sruthan beag no caochan-éigin ri taoblì an rathaid anns an lughd-aicheadh e 'iotadh do-fhulang; ach, mo thruaighe! aig nach robh fios ciod a cheart àit anns am faigheadh se e, agus a thòisich ri òl a dìg shalaich-éigin do dhroch uisge tàmha, am feadh, dlùth do laimh, ach neo-aithnichte dhàsan, bha abhuinn do uisge fìor-ghlan neo-choi-measgta? No, n'an roighnicheadh am fear turnis cèudna so, 'nuair a bha'n sruth fìor-ghlan fallain air a sheoladh dha, 's a fhuair e ioma' cuireadh agus a dh' asluicheadh air a ris agus a ris co' pairteacha' dheth gu thoil,—na'n gabhadh e an deigh so uille mar roghainn a bhi 'g aornagan 'sa chlàbar sgreamhail, agus leanailt air bhi a' tarruing suas a shalachair le cloeras—nach measa' tu e mar neach thar a bheachd? A pheacaich gu'n chìram! is tus' an duine sin. Tha thu a' cur an ni sin a ta searbh 'an àit an ni a ta milis, agus a mhilis 'an àit an ni a ta searbh. Tha thu 'g iarruidh do lòin a'm' measg nam plaosg air am bheil na mucan a' beathachadh, agus d'uisge 'sna dige neo-ghlan far an caisg na h-asail fhiadhaich an iotadh. Is ann 'sàrrn t-saoghal agus 'na thoil-inntinnibh triaili' tha do thlachd

gu h-iomlan ; agus thréig thu Tobar nan uisgeacha beo sin a bheir beath' agus sòlas, agus a tha a' furan ort gaeil taobh a thionndai'eas tu sòlas a ghiabhail annnta. 's òl asda gu saibhir. Ach e'uime 'n eion eéille so ? Feueh, " A' Charraig Bhuailte :" Crìosd air a ehùusadh air son ceann-feadhma nam peaeaeh,—eùusda air do shonsa " An latha m'a dheireadh, latha mòr sin na feisde, sheas Iosa agus ghlaodh e, ma tha tart air neaeh sam bith thigeadh e 'm ionnsuidh-sa, agus òladh e." " Agus a deir an Ti a ta 'na shuidhie air an righ-ehathair, bheir mi dhàsan air am bheil tart, do thobar uisge na beatha gu saor." Mar is beo mi, deir an Tighearna, eha'n 'eil tlaehd agamsa ann am bàs an aingidh, aeh gu'm pilleadh an t-aingidh o shlighe, agus gu'm bitheadh e beo. Pillibh, pillibh, o'r droch shlighibh ; e'arson a bhàsaicheas sibh, O thigh Israel ! " Feueh, a taim a'm' sheasamh aig an dorus agus a' bualadh ; ma ehluinneas neaeh sam bith mo ghuth, agus gu'm fosgail e'n dorus, thig mi 'steach d'a ionnsuidh, agus gabhaidh mi mo shuipeir maille ris, agus esan maille riùmsa." " Uime sin tha e comasach orrasan a thearnadh gus a chuid a's fhaide a thig a dh'ionnsuidh Dhé trìd-san, do blirigh gu' bheil a beo gu siorruidh gu eadar-ghuidhe 'dheanamh air an son." " Ho ! gaeh neach air am bheil tart, thigibhse chum nan uisgeacha ; agus esan aig nael 'eih airgiod, thigibh, eeannaichibh agus itlibh ; seadh thigibh, eeannaichibh, gun airgiod agus gun luaelh, fion agus bainne." " Feuch, a nis an t-am taitneah ; feueh a nis latha na slainte." Iarraibh an Tighearn, am feadh a ta e r'a fhaotainn ; gairníbh air, am feadh a ta e am fagus. Tréigeadh an t-aingidh a shlighe, agus an duine èacorach a smaointe ; agus pilleadh e ris an Tighearn, agus noehdaidh e tròeair dha ; agus ri ar Dia-ne, oir bheir e maitheanas gu pait." " Oir dealaichidh na sléibhteann ri'm bunait, agus atharraiehear na beantaibh as an ait : uchi cha dealaieh mo ehaoinhneas riusta, agus eha'n atharraiehear coimhecheangal mo shìth, deir an Tighearn, aig am bheil truas dhiot." —A' CHRIODH.









